

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Gràinne agus am Buidseach Glas (2)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleam@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleam@bbc.co.uk). This is Litir 984. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 680 corresponds to Litir 984.*

Bha mi ag innse dhuibh mu mar a thug am Buidseach Glas Gràinne am bruid. Bha Fionn air an rathad gu Tìr an Dorchadais, feuch Gràinne fhaighinn air ais. Bha e a’ bruidhinn ri luchag nuair a thàinig iolaire às na speuran. Thug an iolaire grèim air an luchag na spuirean. Ach mus do dh’èirich i, bha grèim aig Fionn oirre. ‘Leig leis an luchag falbh,’ thuir e.

Leig an iolaire a grèim air a’ chreutair bheag agus **dh’fhalbh i air sgèith**. ‘Tapadh leibh, Fhinn,’ thuir an luchag. ‘Thoir leibh mi gu Tìr an Dorchadais agus bheir mi taic dhuibh.’

‘Chan eil fhios agam ciamar a bheir creutair cho beag taic dhomh, ach thig cuide rium co-dhiù.’ Thog Fionn an luchag agus chuir e i am measg filltean an fhèilidh aige.

An ceann greis, ràinig e ceann a’ chreachainn. Air a bheulaibh, bha caolas mara. Bha sruth air leth làidir ann agus cha robh dòigh aig Fionn faighinn a-null. An uair sin nochd an ròn mòr glas. ‘Leum orm agus bheir mi a-null thu,’ ars an ròn.

Air an taobh thall, bha clachan briste coltach ri cuartan. Cha robh e follaiseach an robh rathad ann tromhpa, agus cha robh fios aig Fionn dè dhèanadh e. An uair sin chuala e gràgail os a chionn. Bha am fitheach ann. ‘Coimhead suas, Fhinn,’ thuir am fitheach, ‘agus lean orm.’ Le taic an fhithich, fhuair Fionn tron chuartan agus, air an taobh thall dheth, chunnaic e caisteal a’ Bhuidsich Ghlais.

Cha robh dòigh aig Fionn faighinn a-steach gun fhiosta do dhaoine. ‘Thèid mise ann,’ thuir an luchag, ‘agus chì mi dè tha a’ dol.’

Thill an luchag le deagh naidheachd. ‘Bidh cuirm mhòr is **ho-ro-gheallaidh** ann a-nochd,’ thuir i. ‘Tha Gràinne air a ceangal ri colbh le ròp. Cagnaidh mi tron ròp agus stiùiridh mi Gràinne a-mach.’

Dh’obraich am plana gu math agus rinn Gràinne is Fionn air a’ chladach. Thug an ròn taic dhaibh faighinn a-null. Bha iad air ais air a’ chreachann, agus chunnaic iad gun robh am Buidseach Glas an tòir orra. Chuimhnich Fionn na rudan a thug Cailleach Ruadh nan Sithichean dha. Dh’fhosgail e a sporan agus thug e a-mach am bioran giuthais. Chuir e ann an sgoltadh sna creagan e, agus dh’èirich coille mhòr thiugh eadar iad fhèin ’s am Buidseach Glas. Chuir i stad air an nàmhaid airson greis.

An ath latha, chunnaic Fionn gun robh am Buidseach Glas fhathast a’ leantainn orra. A-nise bha e air a dhol na shluagh. Bha iad ag iarraidh Gràinne fhaighinn air ais, agus Fionn a mharbhadh. Chuir Fionn a làmh na sporan agus thug e

a-mach èiteag ghleansach. Chuir e air an talamh i agus nochd loch mòr gleansach eadar iad fhèin is an sluagh. Chuir sin stad air an nàimhdean airson greis.

Air an làrna-mhàireach, thug Fionn sùil air ais. Bha am Buidseach Glas air a dhol air ais na riochd fhèin, agus bha e a' dèanamh orra gu luath. Thug Fionn a-mach a' chlach gharbh dhubh agus chuir e air an talamh i. Dh'èirich monadh mòr gu h-obann agus mullaichean biorach air, a' cur dàil air a' Bhuidseach. Ràinig Fionn agus Gràinne an Abhainn Dearg. Nise, an t-seachdain sa chaidh, thuir mi gun robh sinn a' dol a thoirt sùil air Oisean. Cumaidh mi ri mo ghealltanais – an-ath-sheachdain!

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Tìr an Dorchadais: *The Land of Darkness*; caolas mara: *a sea-strait*; sruth: *current*; ròn: *seal*; gràgail: *croaking*; cagnaidd mi: *I will chew*; èiteag: *white pebble*.

**Abairtean na Litreach:** mar a thug am Buidseach Glas Gràinne am bruid: *how the Grey Magician took Gràinne into captivity*; thug an iolaire grèim air an luchraig na spuirean: *the eagle grabbed the mouse in its claws*; bha grèim aig Fionn oirre: *Fionn had hold of it*; bheir mi taic dhuibh: *I'll help you*; ciamar a bheir creutair cho beag taic dhomh: *how such a small creature can help me*; am measg filltean an fhèilidh aige: *among the folds of his kilt*; ràinig e ceann a' chreachainn: *he reached the end of the rocky place*; leum orm agus bheir mi a-null thu: *jump on me and I'll take you over*; an robh rathad ann tromhpa: *if there was a route through them*; le taic an fhithich: *with the assistance of the raven*; air an taobh thall dheth: *on the far side of it*; gun fhiosta do dhaoine: *without anybody knowing*; air a ceangal ri colbh le ròp: *tied to a column with a rope*; an tòir orra: *in pursuit of them*; thug e a-mach am bioran giuthais: *he took out the pine needle*; dh'èirich coille mhòr: *a forest rose up*; chuir i stad air an nàmhaid airson greis: *it stopped their enemy for a while*; bha e air a dhol na shluagh: *he had become a host*; air an làrna-mhàireach, thug Fionn sùil air ais: *the next day, Fionn looked back*; bha X air a dhol air ais na riochd fhèin, agus bha e a' dèanamh orra gu luath: *X had gone back to his own form, and he was making for them at speed*; dh'èirich monadh mòr gu h-obann agus mullaichean biorach air: *suddenly a mountain range with sharp summits arose*; a' cur dàil air: *delaying*; cumaidh mi ri mo ghealltanais: *I'll keep to my promise*.

**Puing-chànain na Litreach:** Bidh cuirm mhòr is **ho-ro-gheallaidh** ann a-nochd: *there will be a big feast and knees-up tonight. Ho-ro-gheallaidh is a very unusual Gaelic word. Why? It starts with an 'h'. Largely the 'h' in Gaelic is employed as an agent of lenition and very few words start with an 'h' (in the Essential Gaelic Dictionary there are only 13 headwords beginning with 'h') – and most originate in other languages.*

**Gnathas-cainnt na Litreach:** dh'fhalbh i air sgèith: *she left on the wing [flew away].*

*Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA*